

A' sgrìobhadh aiste mu bhàrdachd....

Paragraf 1: Ro-ràdh

- Ainmich a' bhàrdachd mu bheil thu a' sgrìobhadh is cò a sgrìobh i
- Thoir seachad a' cheist a tha romhad nad fhaclan fhèin.

Paragraf 2: Teamaichean an litreachais

- Innis dè mu dheidhinn a tha am pìos.
- Mìnich dè teachdaireachd / cuspair a th' aig a' phìos (m.e. cho faoin 's a tha cogadh, cho duilich 's a tha aonranas, nach mair gaol...)

Paragraf 3 - air adhart: Cleachdaidhean cànan is sgil an sgrìobhadair

Coimhead air an dòigh anns a bheil am bàrd a' dèiligeadh ris a' chuspair air an duilleig. Seo cuid de na rudan air am faodadh tu puing a dhèanamh;

- | | |
|---|----------|
| * ìomhaigheachd (meatafor no samhla) | * tònna |
| | * guth |
| * comhardadh | |
| * ruidheam | * cumadh |
| * bristeadh san loidhne | * tiotal |
| * fuaim (m.e. sruth fhacal / uaim, co-fhuaimneachd) | |
| * taghadh fhaclan / abairtean | |
| * ath-aithris | |

An ath Paragraf - beachd pearsanta

Innis dè a' bhuaidh a bh'aig an litreachas ort agus mar a chòrd e riut. Smaoinich air na leanas;

- do bheachd air sgil a' bhàird 's mar a thug e a' chuspair beò?
- dè bha sònraichte èifeachdach?
- smaointean a dhùisg am bàrdachd annad.
- ceangal sam bith eadar a' bhàrdachd agus do bheatha fhèin

Co-dhùnadh

Thoir an aiste agad gu crìoch le bhith ag ainmeachadh mar a fhreagair thu a' cheist.